

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

--

Total Mark

**1220/408**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2007

FRIDAY, 25 MAY  
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Èisteachd

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Tha dà earrainn anns an deuchainn.

Tha an dà earrainn air an toirt às an aon iomradh.

Cluinnidh tu gach earrann dà thuras.

An dèidh dhut an earrann a chluinntinn an dara turas, freagair na ceistean air an earrainn sin.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh fhad 's a tha thu a' cluinntinn nan earrann.

Sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



## CEISTEAN

### Earrann A

1. Dè an obair as àbhaist a bhith aig an nighinn seo aig na làithean saora?

---

---

2

2. Dè an obair a fhuair i am-bliadhna?

---

---

---

3

3. Cò chaidh còmhla rithe?

---

---

2

4. (a) Cia mheud pàiste a bha an làthair?

---

1

- (b) Dè an aois a bha iad?

---

1

5. Dè bha a' chlann a' dèanamh nuair a ràinig an luchd-cuideachaidh an sgoil?

---

---

---

3

6. Ciamar a bha Anna a' faireachdainn nuair a chunnaic i dè bha roimhpe?

---

---

2

7. Dè bha Anna ris fad' na maidne?

---

---

---

3

8. Dè an ìre ionnsachaidh aig an robh a' chlann anns a' bhuidhinn aicese?

---

1

9. Dè am beachd a bha aig Anna air a' mhadainn?

---

1

10. Carson a bha iad a' cluich gheamannan aig àm dinnearach?

---

---

---

3

11. Dè tha ag innse gun robh iad uile a' seinn àrd?

---

---

2

12. Ciamar a chòrd an t-seachdain ri Anna?

---

1

(25)

**[Tionndaidh an duilleag**

## CEISTEAN

### Earrann B

1. Dè am beachd a bha aig Ruairidh air an obair a fhuair e?

---

---

2

2. Dè a' chompanaidh aig an robh e fhèin agus a charaid ag obair?

---

---

2

3. Dè cho fad 's a bha iad ag obair aig a' chompanaidh seo?

---

1

4. Ciamar a fhuair Ruairidh a-mach mun obair?

---

---

2

5. Dè am fiosrachadh a thug Stella dhaibh nuair a ràinig iad?

---

---

---

3

6. Dè a' chiad obair a bha aca ri dhèanamh?

---

---

---

3

7. An toiseach, dè bha Ruairidh a' smaoinichadh mun rud a chaidh iarraidh orra a dhèanamh?

---

---

2

8. Dè an dà rud a chaidh ceàrr an toiseach?

---

---

---

---

4

9. Cia mheud turas a bha aca ri dhèanamh mus robh e ceart?

---

1

10. (a) Ciamar a bha Ruairidh a' faireachdainn an uair sin?

---

1

(b) Dè thuirt Stella a thug misneachd dhaibh?

---

---

2

11. Dè nach do chòrd ri Ruairidh?

---

1

12. Dè an dòchas a tha aig Ruairidh mun obair a rinn iad?

---

1

**(25)**  
**[50]**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**1220/409**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2007

FRIDAY, 25 MAY  
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Èisteachd

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**Passage A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

Tha dithis dheugairean a' dol a dh'innse dhuinn mu obair eadar-dhealaichte a bh' aca aig na saor-làithean. An toiseach, Anna NicLeòid.

### **EARRANN A**

Hai! Tha mise a' dol a dh'innse dhuibh beagan mu dheidhinn an obair a bh' agam aig na saor-làithean sa chaidh. Mar as trice, bidh mi ag obair ann am bùth phàipearan piuthar mo mhàthar. Ach, am-bliadhna, aig àm na Càisg, fhuair mi cothrom rudeigin caran diofraichte a dhèanamh. Bha mi nam neach-cuideachaidh aig Fèis Ghlaschu airson seachdain – abair spòrs! Uile gu lèir, chaidh ochdnar bhon chlas agam ann.

Nochd sinn uile aig sgoil Bhail' Iain aig leth uair an dèidh naoi madainn Diluain. Abair fuaim is gleadhraich! Bha ceud gu leth pàiste eadar còig bliadhna agus dà bhliadhna dheug ann an talla mhòr na sgoile – ag èigheach, a' gàireachdainn agus a' ruith mun cuairt. Abair gun robh aithreachas orm gun robh mi air aontachadh ris an seo! Nach mi bha air fuireach ann am bùth nam pàipearan! Ach, gu h-iongantach, an taobh a-staigh deich mionaidean, bha sìth is sàmhchair air feadh an àite. Bha a h-uile duine anns na buidhnean-obrach, bha luchd-teagaisg agus luchd-cuideachaidh còmhla riutha agus bha na h-innealan-ciùil air an roinn a-mach.

Bidh mise a' cluich na piob-mhòir agus sa mhadainn chaidh mo chur còmhla ri buidheann bheag a bha ag ionnsachadh air an fheadan. Bha mise dìreach a' cluich còmhla riutha agus gan cuideachadh leis na puirt ùra. Bha dhà dheug anns a' bhuidhinn agus bha iad uile air beagan a dhèanamh mu thràth. Chaidh a' mhadainn seachad gu math luath, toilichte.

Aig àm dinnearach, bha sinn a' cluich gheamannan còmhla ris a' chloinn airson cothrom a thoirt dhan luchd-teagaisg cùisean a rèiteach airson an fheasgair. Lorg sinn bogsa làn uidheamachd spòrs mar buill, camain, lìn agus mar sin air adhart agus cha b' fhada gus an robh spòrs gu leòr aig a h-uile duine.

Feasgar, chaidh mo chur gu clas seinn agus abair gun do chòrd sin rium. Cha dèan mise seinn idir ach cha do chuir sin stad orm – no air duine sam bith eile. Bha fichead anns a' bhuidhinn agus theab sinn an taigh a leagail leis an fhuaim a rinn sinn.

Agus sin mar a bha cùisean fad na seachdain – obair chruaidh ach tòrr spòrs is fealla dhà. Is math a chòrd e rium!

**After the second reading of Passage A, wait for 5 minutes, and then read Passage B.**

**Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

Agus a-nis, Ruairidh MacAoidh.

### **EARRANN B**

Uill, bha an obair a fhuair mise neo-àbhaisteach agus inntinneach gun teagamh ach uaireannan dh'fhàs mi gu math sgìth dhith cuideachd! Bha mi fhèin agus mo charaid Ciorstaidh ag obair aig companaidh a bha a' dèanamh sreath ùr dràma airson telebhisean. Bha sinn ann airson trì làithean ach cha chreid mi gum bi mi air an telebhisean ach airson trì diogan!

Fhuair mi a-mach mun obair bho bhoireannach a tha a' fuireach faisg orm. Bidh ise a' dèanamh na seòrsa obrach seo gu math tric agus bha fios aice gun robh iad a' lorg dhaoine òga airson latha no dhà. Chaidh iarraidh oirnn coinneachadh ann an talla eaglais aig leth uair an dèidh ochd madainn Disathairne agus 's e sin a rinn sinn. Choinnich sinn ri Stella a bhiodh a' coimhead às ar dèidh. Sheall ise dhuinn far an robh a' bhan far am faigheadh sinn biadh agus far an robh am bus far am faigheadh sinn aodach 's deasachadh.

Glè mhath, shaoil sinn. Agus, an dèidh rola is hama agus deagh chupa tì, thill sinn dhan talla a dh'fheisteamh. Bha sinn a' feitheamh 's a' feitheamh agus mu dheireadh thall, thàinig Stella gar n-iarraidh aig cairteal gu trì. A-steach dhan bhus agus a-mach chun na sràid far an robh na camaras.

Bha agam fhèin agus aig Ciorstaidh ri coiseachd a-mach air geata agus seachad air dithis a bha ag argamaid aig doras bùtha. "Huh," smaoinich mi fhèin, "cha toir seo fada." Ach, 's mise a bha ceàrr! A-mach air a' gheata – "Stad!" ars' an stiùiriche. Bha cuideigin air a dhol seachad le baidhsagal. Air ais a-rithist. "Stad!" Bha sinn ro fhaisg air a chèile. Air ais a-rithist! Bha againn ri dhèanamh còig turasan deug mus robh a h-uile duine riarachta leis. Mo mhaslachadh! Ach thuirt Stella gun robh sinn air dèanamh math dha-rìribh agus nach robh seo a-mach às an àbhaist idir.

Feumaidh mi ràdh gun do chòrd na trì làithean rium ged a chuir sinn seachad tòrr ùine a' feitheamh. Bidh an dràma air an telebhisean oidhche Chiadain sa tighinn agus bidh sinn uile ga choimhead. An dòchas nach gearr iad a-mach sinn uile gu lèir!

[CRÌOCH NAN EARRANN]

**[DUILLEAG FHALAMH]**